

Plana Gàidhlig 2021-2026

Ro-ràdh

Tha Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) ro-chudromach do shunnd shòisealta is eaconamach roinneil na h-Alba, a' ceangal àiteachan iomallach ann an Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba agus bailtean-mòra Inbhir Nis agus Dùn Dè leis a' chòrr den t-saoghal. Tha sinn gu mòr airson buannachdan sòisealta agus soirbheas eaconamach a chruthachadh le bhith a' togail buidheann phort-adhair seasmhach Albannach airson an àm ri teachd.

Tha a' Ghàidhlig agus a cultar na pàirt chudromach de choimhearsnachdan, dualchas agus fèin-aithne na h-Alba. Le puirt-adhair air feadh nan h-Alba agus còrr is 1.7 millean luchd-siubhail eadar-nàiseanta agus às an RA, tha HIAL airson nas urrainn dha a dhèanamh gus taic a chumail ri leasachadh na Gàidhlig agus ri bhith a' togail a h-inbhe air feadh na h-Alba.

Tha an dàrna tionndadh seo den Phlana Gàidhlig againn a' mineachadh mar a tha sinn an dùil an t-amas seo a choileanadh, a rèir miannan agus amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha sinn moiteil às na choilean sinn agus air an adhartas a rinn sinn gu ruige seo. Ach tha sinn mothachail gu bheil barrachd againn ri dhèanamh fhathast. Thug na cuingeachaidhean air ionmhas is goireasan buaidh air HIAL, mar a tha fìor le buidhnean eile san roinn phoblaich, agus mar thoradh air sin tha grunn amasan bhon phlana mu dheireadh a tha a' leantainn oirnn dhan Phlana làithreach againn.

Gus dèanamh cinnteach gun coilean sinn ar gealltanasan

gus taic a chumail ris a' Ghàidhlig agus gus a toirt air adhart, bidh am Plana seo a' cuimseachadh air na raoitean san urrainn dhuinn an t-adhartas as motha a dhèanamh agus a' bhuidheann as motha a libhrigeadh anns na còig bliadhna a tha romhainn.

Bha am plana aig na h-irean deireannach de dh'obair chrìochnachaidh às dèidh co-chomhairleachadh poblach. Ach, tha buaidh lèir-sgaoileadh a' Choròna-bhiorais air buaidh mhòr a thoirt air A H-UILE roinn den ghniomhachas agus tha buaidh mhòr aige fhathast, gu sònraichte air gnìomhachas na còmhhdail adhair. Tha HIAL an dùil am plana a thoirt air adhart agus na h-amasan aige a choileanadh, leis a' chavate nach eil sinn fhathast air làn bhuidheann a' ghalair lèir-sgaoilte agus nam bacaidhean air ìre phractaigeach agus na leigeas seo leinn coileanadh fhaicinn.



Inglis Lyon
Manaidsear-stiùiridh, HIAL



Clàr-innse

Ro-ràdh	2
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh fios gum feumar plana Gàidhlig a dheasachadh	3
Aonta ri Plana Gàidhlig HIAL	3
Geàrr-chunntas mun Ghàidhlig ann an Alba	3
Gàidhlig taobh a-staigh sgìre ùghdarrais HIAL	4
Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorporra	8
A' bhuidh aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig	9
Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig	9
A' toirt spèis cho-ionnan dhan Ghàidhlig agus a' Bheurla	9
A' tairgse seirbheisean Gàidhlig gu gnìomhach, agus a' brosnachadh na Gàidhlig	9
Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig	10
Priomhachasan Riaghaltas na h-Alba	11
Priomhachasan Riaghaltais Ionadail	11
Ceistean Eile	11
Gealltanasan a' Phlana	12
Amasan Àrd-ìre	12
Gealltanasan a thaobh Bun-tomhasan Seirbheis	14
Faicsinneachd	16
Luchd-obrach	18
Gnothaichean làitheil	20
Conaltradh Corporra	22
Corpas	24
Buileachadh agus Sgrùdadh	25
Clàr-ama	25
Foillseachadh agus sanasachd a' Phlana	25
Goireasachadh a' phlana	25
A' sgrùdadh a' phlana	25
In-sgrùdadh air comas cànain	25
Eàrr-Ràdh 2 – Co-Chomhairle Phoblach air an dreach Plana Gàidhlig	26

Ro-ràdh

Chaidh Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta (HIAL) a stèidheachadh an toiseach ann an 1986 agus tha e fo làn shealbh Ministearan na h-Alba. Tha HIAL a' ruith 11 phuirt-adhair air feadh na h-Alba ann am Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt. Tha a' chompanaidh a' fastadh còrr air 600 luchd-obrach anns na 11 puirt-adhair agus tha an t-Àrd-oifis ann an Inbhir Nis.

Tha pàirt cudromach aig gach port-adhair ann an obair, leasachadh agus fàs sgireil, a' toirt seachad seirbheisean riatanach agus loidhne-beatha a bharrachd air measgachadh de thurasachd agus siubhal gnìomhachais.

Le bhith a' brosnachadh agus ag atharrachadh ceanglaichean adhair, tha prìomh àite aig HIAL ann a bhith a' cumail taic ri buannachd shòisealta agus beairteas eaconamach anns na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh, a bharrachd air a bhith a' toirt seachad ceanglaichean còmh-dhail deatamach agus seasmhach dhan chòrr den RA, dhan Roinn Eòrpa, agus air feadh an t-saoghail tro cheanglaichean ri puirt-adhair hub eadar-nàiseanta.

Le còrr air 1.7 millean neach a' cleachdadh puirt-adhair HIAL ann an 2019, agus dealas leantainneach airson tasgadh mòr a dhèanamh ann an teicneòlas ùr gus lionra puirt-adhair roinneil na h-Alba a thogail a bhios freagarrach dhan àm ri teachd, tha a' bhuidheann dealasach a thaobh barrachd fàis ann an àireamhan is seirbheisean luchd-siubhail.

Bidh HIAL a' faighinn subsadaidhean bho Riaghaltas na h-Alba a rèir earrann 34 de dh'Achd na h-Itealanachd Sìobhalta 1982.

Taobh a-muigh a' ghealltanais a thaobh suaicheantas HIAL dà-chànanach agus eadar-theangachadh Gàidhlig a chur air an làraich-lìn, chan fheum puirt-adhair Kirkwall agus Sumburgh an còrr den phlana a chur an gnìomh, mar thoradh air nàdar cultarail agus cànanach sònraichte nan àiteachan sin.



Ro-ràdh

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarras poblach Plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is iomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo an dàrna tionndadh de Phlana Gàidhlig HIAL, a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig HIAL a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Aonta ri Plana Gàidhlig HIAL

Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum ùghdarrasan poblach deasachadh a' phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire a h-uile duine/buidheann aig am biodh ùidh sa chùis. Chùm HIAL co-chomhairle Phoblach air a' Phlana Ghàidhlig seo bho 1 Dàmhair gu 15 Samhain 2019. Cha d' fhuaras freagairt fhoirmeil sam bith tron cho-chomhairle seo. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun cho-chomhairle poblach san Eàrr-ràdh.

Chaidh an dàrna plana aig HIAL aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 21 Iuchar 2021.

Geàrr-chunntas mun Ghàidhlig ann an Alba

Tha HIAL ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha HIAL ag aontachadh ri amasan ro-innleachdail Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus tha i air na structaran is iomairtean a chur air dòigh a tha a dhith gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

A rèir Cunntas-sluaigh 2021, bha comas Gàidhlig air choireigin aig 87,000 daoine ann an Alba a bha aois 3 no nas sine (1.7% den t-sluaigh). Tha seo an comas ri 92,400 (1.9% den t-sluaigh) ann an cunntas sluaigh 2001. B' e 32,000 an àireamh de dhaoine aig a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh is a sgrìobhadh ann an 2011 (0.6% of den t-sluaigh), figear nach robh air atharrachadh gu mòr bho 2001.

Tha pròifil aois luchd-labhairt na Gàidhlig a' sealltainn gu bheil barrachd dhaoine leis a' chànan a tha nas sine. Ach tha an àireamh de dhaoine òga aig a bheil Gàidhlig air a dhol am meud, gu sònraichte sna buidhnean aoise 3-4 agus 5 gu 14.

Tha HIAL mothachail gu bheil suidheachadh na Gàidhlig cugallach agus ag aithneachadh ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp cho-phàirteach aig an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- cur ri inbhe na Gàidhlig
- ionnsachadh is togail na Gàidhlig a bhrosnachadh
- meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Ro-ràdh

Gàidhlig taobh a' staigh sgìre ùghdarras HIAL

Tha puirt-adhair HIAL ann an sia sgìrean ùghdarras ionadail. Earra-Ghàidheal is Bòd, Baile Dhùn Dè, Comhairle na Gàidhealtachd, Na h-Eileanan Siar, Arcaibh agus Sealtainn. Tha an dùmhachd as motha de dhaoine le comas air choireigin sa Ghàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, gu sònraichte ann an Na h-Eileanan Siar, a tha a' gabhail a-steach puirt-adhair Bharraigh, Bheinn na Faoghla agus Steòrnabhagh. An seo, tha comas air choreigin sa Ghàidhlig aig 16,500 daoine (62% den t-sluaigh), an àireamh sa cheud as àirde ann an àite sam bith ann an Alba.

Ann an Roinn na Gàidhealtachd, tha comas sa Ghàidhlig aig mu 16,600 daoine, ged is e àireamh as lugha sa cheud a tha seo, aig 7.3%. Tha a' mhòr-chuid de luchd-labhairt Gàidhlig ann an Roinn na Gàidhealtachd stèidhichte ann an Inbhir Nis, prìomh-bhaile rianachd na sgìre, le coimhearsnachdan Gàidhlig nas lugha ach fhathast susbainteach anns na bailtean ri a thaobh, nam measg Deimhidh, Inbhir Pheofharain, Duras agus Inbhir Narann.

Tha cuibhreann gu math àrd de luchd-labhairt Gàidhlig air taobh an iar-thuath na Gàidhealtachd, gu sònraichte ann an sgìrean leithid a' Chomraich, Geàrrloch, Loch Carrann, agus sgìrean ann an Loch Abar a' gabhail a-steach Àird nam Murchan agus Àrasaig. Tha cuibhreann gu math àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Cataibh cuideachd, a' gabhail a-steach Tunga.

Tha mu 5,000 daoine aig a bheil comas air choireigin sa Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, cha mhòr 6% den t-sluaigh.

Taobh a-muigh nan Eilean Siar, Roinn na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bòd, tha an àireamh sa cheud de dhaoine taobh a-staigh sgìre HIAL le comas air choireigin sa Ghàidhlig gu ìre mhath beag, mu 1% den t-sluaigh ann an Arcaibh, agus mu 0.8% ann am Baile Dhùn Dè agus Sealtainn.

Chithear an t-eadar-dhealachadh eadar na sgìlean Gàidhlig sna sgìrean againn agus ann an Alba san fharsaingeachd gu h-ìosal, stèidhichte air dàta bho chunntas-sluaigh 2011. Tha an gluasad de lùghdachadh ann an cleachdadh nan sgìlean sin bho chunntas-sluaigh 2001 cuideachd air an sealltainn, a' sealltainn carson a tha taic chorpóra airson cleachdadh agus leasachadh na Gàidhlig cho cudromach.

Ro-ràdh

Dàta Deamografach mun Ghàidhlig

Cunntas-sluaigh 2011		HIAL	Alba
Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)	43,687	5.0% de shluagh na sgìre	1.7%
Daoine le comas Gàidhlig a bhruidhinn	32,667	3.8% de shluagh na sgìre	1.1%
		74.8% den fheadhainn aig a bheil sgil Gàidhlig sam bith	66.2%
Comas Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh ach gun chomas sgrìobhaidh	22,446	68.7% den fheadhainn a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn	67.1%
Daoine le Gàidhlig a tha litearra sa chànan	18,556	56.8% den fheadhainn a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn	56.3%
A' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh	18,104	2.1% de shluagh na sgìre	0.5%
		55.4% den fheadhainn a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn	43.4%
Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)			
Aois 3–15	5,710	11.0% den fheadhainn aig a bheil sgil Gàidhlig sam bith	11.1%
Aois 16–24	3,878	10.3% den fheadhainn aig a bheil sgil Gàidhlig sam bith	11.1%
Aois 25–34	3,903	11.2% den fheadhainn aig a bheil sgil Gàidhlig sam bith	12.5%
Aois 35–49	8,804	22.4% den fheadhainn aig a bheil sgil Gàidhlig sam bith	22.0%
Aois 50–64	10,133	24.1% den fheadhainn aig a bheil sgil Gàidhlig sam bith	21.8%
Aois 65+	11,259	21.0% den fheadhainn aig a bheil sgil Gàidhlig sam bith	21.5%

Cunntas-sluaigh 2001		HIAL	Alba
Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)	49,294	atharrachadh -11.4% gu 2011	-5.8%
Daoine le comas Gàidhlig a bhruidhinn	35,794	atharrachadh -8.7% gu 2011	-1.8%
Comas Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh ach gun chomas sgrìobhaidh	25,007	atharrachadh -10.2% gu 2011	-1.9%
Luchd-labhairt na Gàidhlig a tha litearra	19,678	atharrachadh -5.7% gu 2011	+2.8%

Dàta air cruinneachadh is air a chur sa chruth seo le Bòrd na Gàidhlig


Nòta: Airson adhbhar an dàta seo, thathar a' meas gur e an sgìre aig Puirt-adhair na Ghàidhealtachd is nan Eilean Eta na sgìrean ùghdarras ionadail anns a bheil na puirt-adhair stèidhichte (Na h-Eileanan Siar, Arcaibh, Sealtainn, Comhairle na Gàidhealtachd, Earra-Ghàidheal is Bòd, Dùn Dè) agus na sgìrean ùghdarras ionadail aig a bheil ceangail nas treasa ris na puirt-adhair seo na port-adhair sam bith eile (Moireibh, Aonghas, Peairt is Ceann Rois).

Ro-ràdh

Taobh a-staigh sgìre obrachaidh HIAL, bidh trì de na h-ùghdarrasan ionadail a' toirt seachad Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) bhon bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoil. Anns a' bhliadhna acadaimigeach 2019/20, bha foghlam sgoil-àraich aig 3.2% ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, 9.3% ann an Sgìre Comhairle na Gàidhealtachd agus aig 73.4% ann an Comhairle nan Eilean Siar. B' e an àireamh sa cheud de chloinn ann am foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile ann an 2019/20: 3.8% ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, 6% ann an Roinn na Gàidhealtachd agus 40% anns na h-Eileanan Siar. San àrd-sgoil, bha na figearan aig 1.4% ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, 3.2% ann an Comhairle na Gàidhealtachd agus 23.4% anns na h-Eileanan Siar. Chithear solar FtG air feadh na h-Alba anns a' mhapa seo.

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 2019-20

- FtG sa Bhun-sgoil
- Bun-sgoil FtG le struth Beurla
- Bun-sgoil Beurla le sruth FtG
- Le Sgoil-àraich FtG co-cheangailte
- ★ FtG ga thoirt seachad gu h-ionadail ann an ÀS 1/2/3
- Ùghdarras ionadail le FtG cunbhalach




Le dàta bhò NRS © Dlighe copalaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2020.
Le dàta bhon t-Suirbhidh Ordnaidh © Dlighe copalaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2020.
Deanta le Bòrd na Gàidhlig 2020 a' cleachdadh QGIS 3.

Contains NRS data © Crown copyright & database right 2020.
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright & database right 2020.
Made by Bòrd na Gàidhlig 2020 using QGIS 3.

Ro-ràdh

Chaidh a thomhas san t-Samhain 2019 gun robh 3,935 inbheach ag ionnsachadh na Gàidhlig gu foirmeil, stèidhichte air freagairtean do shuirbhidh bliadhnail.

Rinn an luchd-freagairt cuideachd liosta de na h-adhbharan airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig - air an sealltainn gu h-ìosal - leis a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh Gàidhlig anns na clasaichean Gàidhlig aca, air-loidhne no aig an taigh.



Clàr 4 – adhbharan airson Gàidhlig ionnsachadh aig daoine a bha ag ionnsachadh na Gàidhlig gu 4 Sultain 2019.

Is fhiach e a bhith mothachail cuideachd gu bheil ionnsachadh air-loidhne a' sior-fhàs nas mòr-chòrdte, a' gabhail a-steach Duolingo a tha ag ràdh gur e “an dòigh as mòr-chòrdte san t-saoghal airson Gàidhlig na h-Alba ionnsachadh air-loidhne” agus tha e air a chleachdadh le luchd-ionnsachaidh a tha a' fuireach ann an Alba a bharrachd air an fheadhainn nas fhaide air falbh.

Taobh a-staigh sgìre obrachaidh HIAL, tha grunn bhuidhnean coimhearsnachd agus cultarail ann a bhios ag obair gus taic a chumail ri leasachadh na Gàidhlig, còmhla ri grunn ùghdarrasan poblach le Planaichean Gàidhlig reachdail.

Am measg nam prìomh-bhuidhnean, tha:

- An Comunn Gàidhealach (a' bhuidheann Ghàidhlig as sine a tha an urra ri bhith a' co-òrdanachadh agus a' cumail a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail)
- Comunn na Gàidhlig (iomairt shòisealta a bhios a' toirt seachad seirbheisean Gàidhlig a' gabhail a-steach seirbheisean Gàidhlig a' gabhail a-steach taic do dh'òigridh is tachartasan)
- Acair (foillsichear Gàidhlig agus dà-chànanach) agus Ceòlas (buidheann cultarach a tha a' toirt seachad ionnsachadh coimhearsnachd, cùrsaichean trèanaidh agus seirbheisean eadar-theangachaidh is meadhanan)
- Ùghdarrasan Poblach a' gabhail a-steach: Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Dhùn Dè, Comhairle na Gàidhealtachd, NHS na Gàidhealtachd agus NHS nan Eilean Siar
- Tha Plana Gàidhlig reachdail aig iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) cuideachd agus tha i cudromach ann a bhith a' cumail taic ris na diofar bhuidhnean coimhearsnachd a tha a' cur air adhart na Gàidhlig.
- Bidh BBC Alba, BBC Radio nan Gàidheal agus MG ALBA a' cumail taic ri craoladh Gàidhlig agus a' toirt seachad farsaingeachd de phrògraman airson seirbheisean rèidio, TBh agus air-loidhne aig a' BhBC.

A bharrachd air a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, bidh tachartasan Gàidhlig eile ann an sgìre obrachaidh HIAL, a' gabhail a-steach tachartasan Fèis Rois leithid deireadh-seachdain na Fèise agus slighe cèilidh, Fèis Blas agus Geamannan Gàidhealach ionadail as t-samhradh.

Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorporra

Tha am plana seo na phoileasaidh aig HIAL, a chaidh aontachadh an dà chuid leis an Àrd-sgioba Stiùiridh againn agus leis a' Bhòrd Stiùiridh againn.

'S e an t-àrd-oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig HIAL:

Denise Sutherland

Ceannard a' Chonaltraidh

Àrd-oifis HIAL

Port-adhair Inbhir Nis

Inbhir Nis, IV2 3BL

Fòn: 01667 464226

Post-d: dsutherland@hial.co.uk

Cuiridh HIAL buidhnean-obrach ùine ghoirid gus raoitean sònraichte den phlana a chur air adhart.

Sgrùdaidh an t-Àrd-sgioba Stiùiridh cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig.

Ni sinn cinnteach gu bheil ar cunnradairean agus treas phàrtaidhean eile mothachail air a' Phlana Ghàidhlig againn, agus bheir sinn fios dhaibh air mar a gheibh iad e air an làraich-lìn againn, agus bidh sinn an dùil gun cùm iad ris na geallaidhean againn far an gabh sin dèanamh.



A' bhuidh aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig

Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig

Tha HIAL ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tron Phlana Ghàidhlig againn, ach gur dòcha gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro phoileasaidhean a tha ann mar-thà.

Ann a bhith a' dèanamh, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh poileasaidhean, nì HIAL sgrùdadh air na gealltanasan poileasaidh againn gus cothroman a lorg anna gus a' Ghàidhlig a chur air adhart gu for-ghnìomhach agus gus prìomhachasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig agus am Plana Gàidhlig againn a chur air adhart ann an dòighean eile.

Tha sinn den bheachd gu bheil seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Spèis Cho-ionann aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla

Tha HIAL ag aithneachadh gur e prìomh phàirt de dh'àbhaisteachadh na Gàidhlig a bhith a' toirt spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla.

Seallaidh na gealltanasan sa phlana againn spèis cho-ionann dhan dà chànan.

A' tairgse seirbheisean Gàidhlig gu gnìomhach, agus a' brosnachadh na Gàidhlig

Tha HIAL ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig agus a bhith a' toirt seachad seirbheisean sa Ghàidhlig far an gabh seo a dhèanamh.

Tha HIAL air geallaidhean mòra a dhèanamh taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig againn gus prìomh raointean a chomharrachadh far am bi e comasach dhuinn seirbheisean a thabhann anns a' Ghàidhlig, agus gus luchd-obrach a chomharrachadh agus a bhrosnachadh gus seirbheisean a thoirt seachad sa Ghàidhlig.

A' bhuidh aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig

Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig

Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a' cur prìomhachas air trì prìomh raointean leasachaidh, agus tha gach raon fìor chudromach dhan ìomairt gus an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh, agus tha am plana a' comharrachadh prìomh bhuilean co-cheangailte ris gach raon:

Raoin Leasachaidh	Prìomh bhuilean
A' cleachdadh na Gàidhlig	<p>Thèid àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus thèid taic a chumail ri seo. Nithear seo ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean agus solaraichean agus tro ìomairtean agus prògraman aig Bòrd na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh a' chànan barrachd. Mar phàirt de seo, feumar barrachd shuidheachaidhean a thogail far an gabh Gàidhlig cleachdadh. Mar phàirt de seo, feumar Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean far nach deach a cleachdadh roimhe agus feumar a' Ghàidhlig a chleachdadh barrachd sa bheatha làitheil.</p> <p>Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh barrachd, neartaichidh seo coimhearsnachd an luchd-labhairt agus cuiridh e ri a misneachd. Tha seo a' cur ri cothroman airson na Gàidhlig agus airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, agus mar sin, tha e a' cur ri mothachadh agus ri pròifil a' chànan.</p>
Ag ionnsachadh na Gàidhlig	<p>Thèid àrdachadh ann an ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus thèid taic a chumail ri seo. Nithear seo ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean agus solaraichean agus tro ìomairtean agus prògraman aig Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh, a' cumail taic ri, agus a' leudachadh ionnsachadh na Gàidhlig aig gach ìre agus anns gach raon. Tha na buannachdan aig seo soilleir: nuair a nithear adhartas le seo, cuiridh e ri àireamhan nan daoine a thuigeas, a bhruidhneas, a leughas agus a sgrìobhas Gàidhlig agus ris a' chomas aca Gàidhlig a chleachdadh gu misneachail.</p>
A' brosnachadh na Gàidhlig	<p>Thèid ìomhaigh fhàbharach dhen Ghàidhlig a bhrosnachadh. Nithear seo ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean agus solaraichean agus tro ìomairtean agus prògraman aig Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Tha a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ìomhaigh fhàbharach aig a' Ghàidhlig an urra ri grunn ìomairtean. Cuideachd, feumar dèanamh cinnteach gun tèid luach a chur sa Ghàidhlig agus gum bi i air a h-aithneachadh mar chànan a chuireas gu mòr ri saoghal sòisealta, cultarach agus eaconamach na dùthcha.</p> <p>Tha a bhith a' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig ro-chudromach airson a bhith a' cur ri inbhe agus tarraing na Gàidhlig an dà chuid ann an Alba agus thall thairis. Tha seo an crochadh an dà chuid air daoine aig a bheil Gàidhlig agus daoine aig nach eil i.</p>

Tha e na rùn aig HIAL dèanamh cinnteach gun tèid Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Anns an earrainn seo, tha sinn a' mineachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin.

A' bhuidh aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig

Priomhachasan Riaghaltas na h-Alba

Tha còig amasan ro-innleachdail aig Riaghaltas na h-Alba a tha aig cridhe a amas Alba a bhith ann a tha: Nas beartaiche is nas cothromaiche, nas glìce, nas sàbhailte is nas treasa, is nas uaine.

Tha na raointean priomhachais a leanas anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig airson 2018-2023, a tha a' buntainn ri HIAL:

- Iomairtean a tha a' brosnachadh na Gàidhlig ann an dachaighean is coimhearsnachdan
- Gàidhlig anns na meadhanan traidiseanta is ùr
- Planaichean Gàidhlig
- Gàidhlig san Àite-obrach
- Cleachdadh na Gàidhlig ann an dualchas, turasachd, biadh is deoch, an àrainneachd agus gnìomhachasan cur-seachad.

Priomhachasan Riaghaltais Ionadail

Tha planaichean Gàidhlig aig ceithir de na h-ùghdarrasan ionadail ann an sgìre obrachaidh HIAL, le focal air priomhachasan:

- A' Ghàidhlig anns an Dachaigh, Ionnsachadh Tràth agus Cùram-chloinne
- Gàidhlig sa Choimhearsnachd
- A' Ghàidhlig ann am Foghlam
- Gàidhlig anns na h-Ealainean, Cultar agus Dualchas
- Gàidhlig san Àite-obrach
- Luach Sòisealta, Eaconamach agus Cultarach na Gàidhlig

Airson barrachd fiosrachaidh agus gus an tionndadh as ùire den Phlana Gàidhlig fhaicinn, faic:

[Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid](#)

[Comhairle Baile Dhùn Dè](#)

[Comhairle na Gàidhealtachd](#)

[Comhairle nan Eilean Siar](#)

Ceistean Eile

Ged a tha pàirt cudromach aig HIAL ann a bhith a' cumail taic ri, agus a' brosnachadh, Gàidhlig anns na puirt-adhair aige, tha cuid de chùisean practaigeach air am feumar beachdachadh cuideachd. Tha puirt-adhair nam buidhnean iom-fhillte, a tha nan dachaigh do raon farsaing de ghnìomhachasan agus bhuidhnean, agus tha uallach air gach aon dhiubh airson diofar thaobhan de sheirbheisean a bheir buaidh air luchd-cleachdaidh. Libhrigidh HIAL na geallaidhean a tha air am mineachadh sa phlana seo taobh a-staigh nan raointean-obrach agus an raoin-ùghdarras aige.

Mar eisimpleir, tha HIAL an urra ri bhith a' sgrionadh luchd-siubhail agus na bagaichean làimhe aca, tha companaidhean-adhair agus na h-èidseantan aca a' cur a-mach teachdaireachdan mu na seirbheisean adhair, agus tha smachd air ceadan-siubhail an urra ri Buidheann Crichean na RA.

Ged a tha companaidhean-adhair agus companaidhean priobhaideach eile taobh a-muigh raon-ùghdarras a' phlana seo, bidh HIAL a' conaltradh ris na com-pàirtichean aca a dh'aindeoin sin gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an conaltradh luchd-siubhail. Brosnaichidh sinn puirt-adhair Albannach eile, nach eil a' tighinn fo Achd na Gàidhlig 2005 gus obrachadh còmhla ruinn gus a' Ghàidhlig agus a cultar a bhrosnachadh.

Is e am prìomh dleastanas a th' air HIAL sàbhailteachd is tèarainteachd an luchd-siubhail aige. Tha tèarainteachd seirbheisean-adhair air a riaghladh gu teann le Ùghdarras na h-Itealanachd Catharra agus faodaidh molaidhean a thaobh tèarainteachd, a bharrachd air stiùireadh gus gluasad mun cuairt ann am puirt-adhair, a bhith fo ùmhlachd cead bhon riaghlaidhe iomchaidh.

A bharrachd air an sin, tha e cudromach toirt fa-near gur e a' Bheurla cànan cruinneil gnìomhachas nan seirbheisean adhair, fiù 's ann an dùthchannan far nach e Beurla a' chiad chànan, agus tha cuid de dhleastanasan obrachaidh ann far nach biodh cleachdadh na Gàidhlig buannachdail. Mar eisimpleir, feumaidh àrd-ìre de Bheurla a bhith aig Rianadair Tafaig Adhair agus chan urrainn dhaibh conaltradh a dhèanamh le pileatan ann an Gàidhlig ann an suidheachadh proifeiseanta, fiù 's ma tha an dithis aca cho fileanta ri fileanta sa chànan.

Gealltanasan a' Phlana

Amasan Àrd-ìre

Thug na h-amasan àrd-ìre a leanas buaidh air a' phlana seo. Airson fiosrachadh air a mar a libhrigeadh HIAL na h-amasan seo, faic na Gealltanasan a thaobh Bun-tomhasan Seirbheis againn air taobh-duilleig 14.

Amasan Àrd-ìre		Gealltanasan a' Phlana
Tron phlana air fad	<p>A rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha sinn ag amas air:</p> <ul style="list-style-type: none"> sealbh corporra gnìomhach a bhith againn air a' Phlana Ghàidhlig againn na gealltanasan uile bhon chiad tionndadh de Phlana Ghàidhlig HIAL a tha fhathast taobh a-staigh a raon ùghdarras a thoirt air adhart gus spèis cho-ionann a shealltainn dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla tro na seirbheisean agus goireasan Gàidhlig uile againn a bhith a' tairgsinn gu gnìomhach agus a' brosnachadh nan seirbheisean Gàidhlig a libhrigeas sinn sùil a chumail air ìrean cleachdaidh nan seirbheisean Gàidhlig agus a bhith gam brosnachadh barrachd far a bheil ìrean cleachdaidh ìosal 	<p>Faicsinneachd (td16)</p> <p>Luchd-obrach (td18)</p> <p>Gnothaichean làitheil (td 20)</p> <p>Conaltradh Corporra (td22)</p>
Seirbheisean Poblach	<p>Gus cuir ri faicsinneachd is inbhe na Gàidhlig barrachd tro bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> soidhnichean Gàidhlig (taobh a-staigh agus taobh a-muigh) a thoirt a-staigh mean air mhean air feadh oighreachd HIAL susbaint Ghàidhlig a chur air làrach-lìn agus meadhanan sòisealta HIAL mean air mhean cothrom a thoirt do na custamairean uile againn conaltradh a dhèanamh leinn sa Ghàidhlig far an ceadaich faotainneachd luchd-obrach seo. Brosnaichidh sinn an cothrom seo stèidhichte air na comasan cànan aig an luchd-obrach againn agus na coimhearsnachdan Gàidhlig a tha iad a' frithealadh a' cur ri làithreachd na Gàidhlig ann am foillseachaidhean HIAL a tha faicsinneach agus àrd-ìre ag atharrachadh an t-suaicheantais chorporra dhà-chànanaich againn gus spèis cho-ionann a thoirt dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla; thèid seo a sgoileadh a-mach mar phàirt den eacarsaich gus am branndadh corporra ath-ùrachadh. a bhith a' beachdachadh air Ball den Bhòrd-stiùiridh mar ghaisgeach Gàidhlig 	<p>Faicsinneachd (td16)</p> <p>Luchd-obrach (td18)</p> <p>Gnothaichean làitheil (td 20)</p> <p>Conaltradh Corporra (td22)</p> <p>Corpas (td24)</p>
A' brosnachadh na Gàidhlig	<p>Gàidhlig a bhith na pàirt de dh'obair chom-pàirteachaidh sam bith a nithear le sgoilean a tha a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig</p>	<p>Conaltradh Corporra (td22)</p>

Gealltanasan a' Phlana

Amasan Àrd-ìre

Gealltanasan a' Phlana

A' choimhearsnachd	<p>Gus obrachadh leis a' choimhearsnachd san fharsaingeachd gus dèanamh cinnteach gum bi taic ri cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh.</p> <p>Gus ar fòcas air choimhearsnachdan Gàidhlig a neartachadh, sa chiad dol a-mach, bheir sinn prìomhachas do dh'obair com-pàirteachaidh far a bheil Gàidhlig air a cleachdadh le 20% no barrachd den t-sluagh agus far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a libhrigeadh.</p>	<p>Faicinneachd (td16)</p> <p>Luchd-obrach (td18)</p> <p>Gnothaichean làitheil (td 20)</p> <p>Conaltradh Corporra (td22)</p>
<p>Àite-obrach</p>	<p>Tha na h-amasan a leanas againn:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ a bhith a' cur ri comas an luchd-obrach gus gealltanasan a' Phlana Ghàidhlig againn a libhrigeadh tro fhasadh, trèanadh agus planadh feachd-obrach ▪ gus pròiseas làidir a-staigh a stèidheachadh airson conaltradh, com-pàirteachadh agus airson a bhith a' libhrigeadh nan geallaidhean sa Phlana Ghàidhlig againn ▪ gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail air Plana Gàidhlig HIAL agus gus cothroman a thoirt seachad airson barrachd trèanadh mothachaidh Gàidhlig agus trèanadh sgilean Gàidhlig ▪ gus luchd-obrach a bhrosnachadh a dhol an sàs leis a' Ghàidhlig 	<p>Luchd-obrach (td18)</p> <p>Gnothaichean làitheil (td 20)</p> <p>Conaltradh Corporra (td22)</p>
<p>Ealainean, Cultar is Dualchas</p>	<p>Tha HIAL ag amas air ar taic a chumail ri ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachd nan ealainean tro iomairtean ann an sgìre HIAL.</p> <p>Comharraich cothroman co-obrachaidh sam bith eadar HIAL agus Oifigear Ealain/Cultar na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig/Alba Chruthachail gus ealain is cultar na Gàidhlig a chur air adhart taobh a-staigh sgìre HIAL.</p>	<p>Conaltradh Corporra (td22)</p>
<p>Eaconamaidh</p>	<p>Tha sinn ag amas air:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ na buannachdan eaconomach aig a' Ghàidhlig agus a cultar a bhrosnachadh mar phàirt de na h-iomairtean leasachaidh eaconomach aig HIAL ▪ a bhith a' brosnachadh farsaingeachd nan cothroman obrach a thig tron Ghàidhlig 	<p>Luchd-obrach (td18)</p> <p>Conaltradh Corporra (td22)</p>

Gealltanasan a' Phlana

Gealltanasan a thaobh Bun-tomhasan Seirbheis

Tha HIAL air aontachadh ris na bun-tomhasan seirbheis seo.

A chionn 's gu bheil e co-cheangailte ri gach taobh de na gealltanasan a thaobh bun-tomhasan seirbheis, is e a' chiad cheum ann a bhith a' buileachadh a' Phlana seo in-sgrùdadh air comas Gàidhlig a dhèanamh taobh a-staigh na buidhne.



Faicsinneachd

Suaicheantas corporra

Soidhnichean



Luchd-obrach

A' sanasachd obraichean

A' fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig

Ag ionnsachadh na Gàidhlig

Trèanadh mothachaidh Gàidhlig

A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach agus ann an conaltradh taobh a-staigh na buidhne



Gnothaichean làitheil

Seirbheis fòn

Conaltradh sgrìobhte

Foirmean

Seirbheisean 'loidhne toisich' dhan phoball

Coinneamhan poblach

Gealltanasan a' Phlana



Conaltradh Corporra

Meadhanan agus dàimh poblach

Stuth Clò-bhuailte

Làrach-lìn is meadhanan sòisealta

Obair com-pàirteachaidh, tachartasan is taisbeanaidhean



Corpas

Lean Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC)

A' cleachdadh ainmean-àite ceart

Ìrean seirbheis eadar-theangachaidh agus eadar-mhìneachaidh

Gealltanasan a' Phlana



Faicsinneachd

Tha HIAL ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig agus a bhith a' cur ris an inbhe aice.

Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air Gàidhlig ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta:

- A' cur ri cleachdadh na Gàidhlig sna puirt-adhair, oifisean agus gu corporra – a' gabhail a-steach soidhnichean, na suaicheantasan againn, agus teamplaidean corporra

AN SUAICHEANTAS CORPORRA AGUS SOIDHNICHEAN

Na chaidh a choileanadh gu ruige seo	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Brosnachadh Gàidhlig
Tha suaicheantasan corporra aig buidheann HIAL agus airson puirt-adhair ionadail dà-chànanach			

Builean a tha air am moladh airson 2021-26	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Brosnachadh Gàidhlig
Thèid suaicheantas corporra agus suaicheantas nam port-adhair a chleachdadh gu cunbhalach mar standard an dà chuid air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh			
Gàidhlig a bhith mar phàirt de na teamplaidean corporra, a' cur prìomhachas air na rudan aig am bi a' bhuidheann as motha			
Bheirear inbhe cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla ann an suaicheantas HIAL mar phàirt den ùrachadh air branddadh corporra HIAL			

Na h-ath ghnìomhan a tha a dhìth	Bliadhna	Bliadhna	Bliadhna	Bliadhna	Bliadhna
	1	2	3	4	5
Dèan ath-sgrùdadh air branddadh corporra, a' coimhead air teamplaidean airson sgrìobhainnean, sleamhnagan taisbeanaidh, eàrr-ràdhan puist-d, postairean, soidhnichean is msaa: faigh a-mach far am bi e furasta a bhith a' toirt a-steach Gàidhlig agus far am bi a' bhuidheann as motha aig seo					
Cuir an gnìomh am poileasaidh a tha a' tighinn bhon ath-sgrùdadh air branddadh - bidh spèis cho-ionann aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla, agus deagh chleachdadh dà-chànanach na bhun-phrionnsabal aig a' phoileasaidh seo					
Dèan cinnteach gu bheil na suaicheantasan iomchaidh aig luchd-obrach uile airson gnothaichean a-muigh agus a-staigh agus gun cleachd iad e (agus dèan seo a-rithist nuair a thèid an suaicheantas ùr a dhèanamh)					
Comharraich gu for-ghnìomhach far a bheil buidhnean agus com-pàirtichean air an taobh a-muigh a' cleachdadh nan suaicheantasan ceàrr agus bheir sinn seachad an fheadhainn dhà-chànanach (agus nì sinn seo a-rithist aon uair 's gu bheil suaicheantas ùr air a dhèanamh)					
Ag atharrachadh an t-suaicheantais chorporra againn mar phàirt de dh'ùrachadh a' bhranddadh chorporra againn, gus co-ionannachd spèis a thoirt dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla.					

Roinnean a tha an urra ris: Conaltradh

Gealltanasan a' Phlana

SOIDHNICHEAN

Na chaidh a choileanadh gu ruige seo	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Bronsachadh Gàidhlig
Cleachdaidh soidhnichean ùra agus nithean eile ùra an suaicheantas ùraichte agus/no faclan san dà-chànan			
Nuair a chaidh soidhnichean agus nithean eile ùrachadh, chaidh an suaicheantas ùraichte agus/no faclan dà-chànanach a chleachdadh			

Builean a tha air am moladh airson 2021-26	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Bronsachadh Gàidhlig
Obraich a dh'ionnsaigh a h-uile soidhne poblach agus soidhne stiùiridh a bhith dà-chànanach, a' toirt prìomhachas do na soidhnichean aig am bi a' bhuaidh as motha agus far a bheil feum air soidhnichean ùra			

Na h-ath ghnìomhan a tha a dhìth	Bliadhna 1	Bliadhna 2	Bliadhna 3	Bliadhna 4	Bliadhna 5
Nuair a tha sinn ag ùrachadh soidhnichean fiosaigeach, agus nithean eile mar sgeadachadh nan carbadan, cleachdaidh sinn na teamplaidean branndaidh agus an stiùireadh a rinneadh às dèidh an ath-sgrùdadh air branndadh corporra. Seach nach tèid nithean ùrachadh ach a-mhàin nuair a bhios feum air nithean ùra nan àite, bidh an sgoileadh a' dol air adhart fad ùine a' phlana seo					

Roinnean a tha an urra ris: Conaltradh, Bun-structar

Gealltanasan a' Phlana



Luchd-obrach

Tha HIAL a' gabhail ris gu bheil Gàidhlig na sgiol chudromach a tha a' cur ri comasan is èifeachdas ar luchd-obrach agus gum bi e na bhuannachd do mhargaidh-obrach na Gàidhlig san fharsaingeachd ma thèid sgilean Gàidhlig aithneachadh gu foirmeil agus gu follaiseach. Bheir Àrd-sgioba Stiùiridh HIAL teachdaireachd làidir is cunbhalach seachad do luchd-obrach gu bheil luach ga chur air sgilean Gàidhlig, agus gu bheil luchd-obrach air am brosnachadh agus gu bheil iad a' faighinn taic gus a' Ghàidhlig aca a chleachdadh gach turas a tha cothrom ann.

Ged nach eil dreuchd sam bith aig HIAL far a bheil Gàidhlig a dhith gu sònraichte, gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus cur ris a' chomas againn a thaobh na Gàidhlig agus ri cleachdadh na Gàidhlig mar chànan an àite-obrach ann an Alba:

- A' cruthachadh bheachdan fàbharach dhan Ghàidhlig san àite-obrach gus beothalachd na Gàidhlig a chumail suas agus a leudachadh
- A' cur ri cothroman an luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh no gus piseach a thoirt air an cuid Gàidhlig
- A' leudachadh ruigsinneachd air, agus com-pàirteachas ann an raon farsaing de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig airson inbhich nar n-àiteachan obrach
- A' dèanamh cinnteach gu bheil deagh ghoireasan ann gus taic a chumail ri inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig sna h-àiteachan obrach aca
- A' brosnachadh fastadh dhaoine aig a bheil Gàidhlig gus am bi an cànan nas fhaicsinniche agus gus am bi cothroman eadar-obrachadh leis a' phoball sa Ghàidhlig.

A' FASTADH LUCHD-LABHAIRT NA GÀIDHLIG AGUS SANASACHD OBRACH

Na chaidh a choileanadh gu ruige seo	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Bronsnachadh Gàidhlig
Tha an earrann Sgrùdadh Co-ionannachd ann am foirm tagraidh obrach HIAL a' gabhail a-steach ceist a bheil Gàidhlig aig tagraidhean gus nach eil; a' nochdadh an luach a bheir sinn don Ghàidhlig a bharrachd air cothrom a thoirt dhuinn sùil a chumail air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a chuireas a-steach airson obair/a tha soirbheachail			
Tha Poileasaidh Trusaidh is Taghaidh HIAL a' gabhail a-steach iomradh air a' Phlana Ghàidhlig againn agus tha e cuideachd a' gabhail a-steach nan geallaidhean againn a thaobh co-ionannachd agus iomadachd			
Tha HIAL ag ùrachadh a' phoileasaidh Trusaidh is Taghaidh aige; bheirear iomradh air fastadh luchd-labhairt le Gàidhlig anns a' phoileasaidh seo			

Builean a tha air am moladh airson 2021-26	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Bronsnachadh Gàidhlig
Feuchaidh HIAL gu gnìomhach gus cur ri comasan Gàidhlig na buidhne tro bhith a' brosnachadh iarrtasan-obrach bho luchd-labhairt na Gàidhlig, gu sònraichte ann an àiteachan le ìrean nas àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig.			
Seallaidh HIAL gu bheil luach ga chur air luchd-labhairt na Gàidhlig airson a h-uile dreuchd tro shanasachd fastaidh agus fiosrachadh fastaidh co-cheangailte			

Na h-ath gnìomhan a tha a dhìth	Bliadhna 1	Bliadhna 2	Bliadhna 3	Bliadhna 4	Bliadhna 5
Cuir crìoch air ath-sgrùdadh fastaidh corporra HIAL, agus dèan cinnteach gu bheil manaidsearan mothachail air na geallaidhean a thaobh na Gàidhlig					
Cuir an gnìomh poileasaidh ùr a tha ag èirigh bhon ath-sgrùdadh corporra, a' gabhail a-steach ar dealas gus tagraichean le Gàidhlig a bhrosnachadh gus an tog sinn comasan Gàidhlig na buidhne					

Roinn a tha an urra ris: Goireasan Daonna

Gealltanasan a' Phlana

AG IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Na chaidh a choileanadh gu ruige seo	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Brosnachadh Gàidhlig
Chaidh trèanadh mothachaidh Gàidhlig a thoirt dhan Àrd-sgioba Stiùiridh agus do Mhanaidsearan Puirt-adhair aig toiseach a' chiad tionndaidh den Phlana Ghàidhlig			
Brosnachadh leantainneach sa bhuidhinn de cothroman ionnsachaidh Gàidhlig air an taobh a-muigh			
Chaidh trèanadh mothachaidh Gàidhlig a thoirt dhan Àrd-sgioba Stiùiridh làithreach agus do Bhuill Bùird HIAL sa Mhàrt 2021			

Builean a tha air am moladh airson 2021-26	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Brosnachadh Gàidhlig
A' toirt seachad cothroman trèanaidh a bharrachd agus taic a bharrachd do luchd-obrach a tha airson Gàidhlig ionnsachadh no a tha airson piseach a thoirt air an cuid Gàidhlig, a' toirt prìomhachas do sgìrean anns a bheil àireamh nas àirde de dhaoine aig a bheil Gàidhlig, gu sònraichte far nach eil Gàidhlig aig duine sam bith an-dràsta			
Brosnaich ìre-cleachdaidh an trèanaidh far a bheil ìrean ùidh ìosal an toiseach			

Na h-ath ghniomhan a tha a dhìth	Bliadhna 1	Bliadhna 2	Bliadhna 3	Bliadhna 4	Bliadhna 5
Bidh suirbhidh sgìlean cànan na phrìomh ghniomh anns a' phlana seo gus faighinn a-mach: <ul style="list-style-type: none"> mar a tha Gàidhlig ga cleachdadh airson conaltradh taobh a-staigh HIAL an comas làithreach airson conaltradh sa Ghàidhlig taobh a-staigh HIAL mu luchd-obrach a tha airson Gàidhlig ionnsachadh no airson piseach a thoirt air an cuid Gàidhlig, agus mu na feumalachdan trèanaidh aca ma tha Gàidhlig aig ball sam bith den Àrd-sgioba Stiùiridh no Manaidsearan Puirt-adhair sam bith 					
Cruthaich agus broснаich seata ghoireasan do luchd-obrach – seata de thrèanadh mothachaidh Gàidhlig agus sgìlean Gàidhlig airson luchd-obrach loidhne-tòisich, a' gabhail a-steach luchd-tèarainteachd					
Mar cheum a dh'ionnsaigh a bhith a' cruthachadh seata-ghoireasan an luchd-obrach, stèidhich pròtacal gus luchd-obrach a stiùireadh gu goireasan air-loidhne agus/no goireasan eile airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig					
Comharraich a bheil iarrtas ann airson trèanadh mothachaidh Gàidhlig agus /no a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig taobh a-staigh buidhnean com-pàirteach; sgrùdadh a dhèanamh air cothroman airson co-thrèanadh a chur air dòigh					
Dèan suirbhidh an luchd-obrach a-rithist air toiseach air an treas tionndadh de Phlana Gàidhlig HIAL					

Roinnean a tha an urra ris: Goireasan Daonna, Conaltradh

Gealltanasan a' Phlana



Gnothaichean làitheil

Tha HIAL ag aithneachadh cho fìor chudromach 's a tha gnìomhachas na turasachd ann a bhith a' toirt taic dhan amas gus cleachdadh na Gàidhlig is ùidh sa chànan a dhaingneachadh is a mheudachadh.

Tha HIAL ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig ro-chudromach sna coimhearsnachdan againn agus gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus Gàidhlig àbhaisteachadh agus a thaisbeanadh taobh a-staigh nam port-adhair againn agus nuair a tha sinn a' dèiligeadh ris a' phoball:

- A' brosnachadh faicsinneachd na Gàidhlig mar chànan beò agus mar phàirt air leth de dhualchas na h-Alba
- A' cruthachadh barrachd shuidheachaidhean anns an gabh Gàidhlig a chleachdadh gu neo-fhoirmeil anns na puirt-adhair agus anns na h-oifisean againn.

A' DÈILIGEADH RIS A' PHOBALL ANNS NA PUIRT-ADHAIR IS OIFISEAN AGAINN

Na chaidh a choileanadh gu ruige seo	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Brosnachadh Gàidhlig
Thèid na suaicheantasan dà-chànanach a chleachdadh aig gach ceann-litreach agus air nithean sanasachd/margaidheachd			
Thèid sanasachd dhà-chànanach iomchaidh a chleachdadh sna toglaichean puirt-adhair againn mar phàirt de phrògram leantainneach			

Builean a tha air am moladh airson 2021-26	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Brosnachadh Gàidhlig
Meudaich agus leasaich mar a tha sinn a' cleachdadh Gàidhlig ann an suidheachaidhean poblach; thèid prìomhachas a thoirt do choimhearsnachdan le ceudad nas àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig			
Cuir ri àireamh an luchd-obrach a tha a' cleachdadh na Gàidhlig anns na puirt-adhair againn			
Gum bi tosgairean Gàidhlig sa mhòr-chuid de na puirt-adhair againn			

Gealltanasan a' Phlana

A' DÈILIGEADH RIS A' PHOBALL ANNS NA PUIRT-ADHAIR IS OIFISEAN AGAINN (a' leantainn)

Na h-ath ghniomhan a tha a dhith	Bliadhna 1	Bliadhna 2	Bliadhna 3	Bliadhna 4	Bliadhna 5
Thèid stuthan sanasachd bhon iomairt aithneachaidh nàiseanta #cleachdi a thabhann dhan luchd-obrach agus thèid am brosnachadh gus an cleachdadh - nithear ath-sgrùdadh air seo agus thèid a dhèanamh a-rithist nuair a bhios e iomchaidh					
Cùm sùil air an iarrtas air conaltradh Gàidhlig bho luchd-siubhail agus bho luchd-ùidh - mar phàirt de chonaltradh làitheil.					
Mar phàirt den chiad suirbhìdh cànan aig luchd-obrach, stèidhich an àireamh de fhreagairtean do chustamairean a nithear sa Gàidhlig aig an àm seo ann an sgrìobhadh (post-d, litir, meadhanan sòisealta), agus gu labhairteach (aghaidh ri aghaidh agus air a' fòn)					
Suidhich irean a ghabhas coileanadh airson freagairtean do chonaltradh Gàidhlig (m.e. teachdaireachdan aithneachaidh àbhaisteach airson puist-d)					
Iomairt mothachaidh a ruith airson ar coimhearsnachdan, luchd-ùidh agus luchd-siubhail air ar comas freagairt ann an Gàidhlig agus sùil a chumail air àrdachadh sam bith ann an conaltradh Gàidhlig, agus dèan seo a-rithist mar as iomchaidh					
Cruthaich pròiseas gus an comas freagairt sa Ghàidhlig a mheudachadh – luchd-obrach a chomharrachadh ann an sgrùdadh luchd-obrach agus cothrom a thoirt seachad air trèanadh agus taic (mar a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd)					
Thèid abairt fàilte Gàidhlig a thoirt do gach neach-obrach a tha ag obair leis a' phoball agus thèid am brosnachadh gus seo a chleachdadh					
Bidh HIAL a' tabhann seirbheisean bagaichean luchd-siubhail is bagaichean làimhe ann an Gàidhlig aig puirt-adhair far a bheil a' Ghàidhlig na cànan coimhearsnachd agus nuair a cheadaicheas comasan an luchd-obrach seo					
Mar bhunait air a' chomas againn gus freagairtean a thoirt do chustamairean sa Ghàidhlig, nì sinn an iomairt airson Tosgairean Gàidhlig a-rithist – cuir air dòigh taic leithid fòraman air-loidhne/buidhnean deasbaid msaa. gus taic bho cho-obraichean agus taic chorporra a thoirt seachad					
Cuir teachdaireachd fàilte Gàidhlig ann am teachdaireachdan freagairt-fòn ro-chlàraichte agus air a h-uile clàr-fiosrachadh mu sheirbheisean adhair far a bheil teicneòlas agus siostaman a' ceadachadh seo					
Meudaich comas a bhith a' cleachdadh Gàidhlig air clàran-fiosrachadh mu sheirbheisean adhair aig a' chiad chothrom nuair a thèid teicneòlas agus siostaman ùrachadh san àm ri teachd					

Roinnean a tha an urra ris: Conaltradh, Goireasan Daonna, Obrachaidhean, ICT

Gealltanasan a' Phlana



Conaltradh Corporra

Tha HIAL a' tuigsinn gu bheil na rudan a leanas a' toirt buaidh air an inbhe a th' aig cànan: an làthaireachd aige san àrainneachd làitheil, an ìre 's gu bheil an cànan air a chleachdadh, air a mheas cudromach agus air fhaicinn a bhith air a mheas cudromach leis na buidhnean sin aig a bheil pàirt cudromach nar beatha làitheil.

Tha HIAL a' tuigsinn cuideachd nach e a-mhàin an àireamh dhaoine aig a bheil Gàidhlig a chur am meud a tha a dhith gus a' Ghàidhlig a dhèanamh seasmhach san àm ri teachd, ach gum feumar cleachdadh a' chànain a chur am meud cuideachd. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do bharrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha agus mar an dòigh conaltraidh àbhaisteach.

Tha HIAL ag amas air ar taic a chumail ri ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachd nan ealainean tro iomairtean ann an sgìre HIAL.

Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan nam port-adhair:

- A' cur ri inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig tro bhith a' cleachdadh farsaingeachd de sheirbheisean tron Ghàidhlig
- Cleachdadh na Gàidhlig gu bhith mar phàirt de thachartasan poblach, le prìomhachas air tachartasan àrd-fhollaiseach agus tachartasan ann an coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig na cànan coimhearsnachd
- A' cumail taic ri iomairtean a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig, an dà chuid taobh a-staigh na buidhne agus tro na meadhanan sòisealta

CONALTRADH ANN AN CLÒ, AIR-LOIDHNE, ANNS NA MEADHANAN AGUS ANN AM COINNEAMHAN POBLACH

Na chaidh a choileanadh gu ruige seo	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Bronsachadh Gàidhlig
Thèid aithrisean a' Mhanaidsear-stiùiridh agus a' Chathraiche fhoillseachadh gu dà-chànanach san Aithisg Bhliadhnail			
Bidh artaigean sa Ghàidhlig anns gach eagraan den iris HIAL Connect, le fòcas air coimhearsnachdan Gàidhlig. Bho chionn ghoirid, tha sinn air a bhith a' foillseachadh an tionndaidh Ghàidhlig ron tionndadh Beurla den artaigil. Tha seo na fhoillseachadh an-asgaidh - thèid tionndaidhean clò-bhuailte a sgaoileadh aig gach port-adhair agus tha tionndadh air-loidhne ri fhaighinn cuideachd.			
Seanailean meadhanan sòisealta HIAL air an cleachdadh gus taic a chumail ri tachartasan cultarach Gàidhlig			

Builean a tha air am moladh airson 2021-26	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Bronsachadh Gàidhlig
Cuir ri càileachd nan conaltraidhean corporra dà-chànanach			
Thèid gach sgrìobhainn chorporra a tha ag amas air a' phoball a dhèanamh sa Ghàidhlig cuideachd			
Lean oirn leis an taic againn do dh'ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachd nan ealainean			

Gealltanasan a' Phlana

CONALTRADH ANN AN CLÒ, AIR-LOIDHNE, ANNS NA MEADHANAN AGUS ANN AM COINNEAMHAN POBLACH (a' leantainn)

Na h-ath ghnìomhan a tha a dhìth	Bliadhna 1	Bliadhna 2	Bliadhna 3	Bliadhna 4	Bliadhna 5
Bidh prìomh sgrìobhainnean corporra dà-chànanach mar an cleachdadh àbhaist - Plana Ro-innleachdail HIAL agus an Aithisg Bhliadhnail, agus sgrìobhainnean ro-innleachdail corporra sam bith eile a tha mu choinneimh a' phobaill					
Beachdaich air Ball den Bhòrd-stiùiridh ainmeachadh mar "Ghaisgeach Gàidhlig"					
Dèan sgrùdadh air mar as urrainnear roghainn eadar-theangachaidh a thoirt a-steach air làrach-lìn ùr HIAL, a tha a' gèilleadh ri barantachadh AAA					
Anns an eadar-ama meudachaidh sinn susbaint Gàidhlig tron làraich-lìn air fad, a' toirt prìomhachas do shusbaint àrd-fhollaiseach/ àrd-bhuaidh, a' gabhail a-steach nam prìomh raointean fiosrachaidh againn leithid Mu ar Deidhinn, Bòrd-stiùiridh, Aithisgean Bliadhnail agus Cunntasan, agus Planaichean Ro-innleachdail					
Cuir earrann mu cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig agus a cultar air làrach-lìn HIAL					
Cùm oirnn a' toirt a-steach susbaint mean air mhean agus a' meudachadh susbaint Ghàidhlig air an làraich-lìn agus air na meadhanan sòisealta, a' toirt prìomhachas do shusbaint àrd-iomhaigh agus a' nochdadh spèis cho-ionann					
Thoir seachad seirbheisean eadar-theangachaidh nuair a thèid seo iarraidh aig tachartasan ìre-inbhe cudromach far a bheil Gàidhlig na cànan coimhearsnachd. Thèid an t-seirbheis seo a thairgsinn gu gnìomhach ro làimh ann an deagh àm					
Stèidhich aonta com-pàrteachais airson sgoiltean, gus eadar-theangachadh Gàidhlig a thoirt seachad aig tachartasan com-pàrteachaidh aig HIAL taobh a-staigh sgoiltean far a bheil Gàidhlig na cànan coimhearsnachd. Thèid an t-seirbheis seo a thairgsinn gu gnìomhach ro làimh ann an deagh àm					
Cleachdadh na Gàidhlig gu bhith mar phàirt de thachartasan poblach, le prìomhachas air tachartasan àrd-fhollaiseach agus tachartasan ann an coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig na cànan coimhearsnachd					
Thoir seachad trèanadh anns na meadhanan do bhuill den Àrd-Sgioba Stiùiridh agus Manaidsearan Puirt-adhair a chaidh a chomharrachadh mar neach aig a bheil dreuchd meadhanan/dàimhean taobh a-muigh					
Stèidhich siostam airson a bhith a' co-roinn fiosrachadh aig com-pàirtichean mun Ghàidhlig is tachartasan Gàidhlig air seanailean meadhanan sòisealta HIAL.					
Comharraich cothroman co-obrachaidh sam bith eadar HIAL agus Oifigeir Ealain/Cultar na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig/Alba Chruthachail gus ealain is cultar na Gàidhlig a chur air adhart taobh a-staigh sgìre HIAL					

Roinnean a tha an urra ris: Conaltradh, Goireasan Daonna, Obrachaidhean, ICT

Gealltanasan a' Phlana



Corpas

Tha HIAL a' tuigsinn cho riatanach 's a tha e iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, agus cho cudromach 's a tha e deagh sheirbheisean eadar-theangachaidh a bhith ann.

Gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus corpas na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba:

- A' cumail taic ri, agus a' brosnachadh iomairtean a chuireas ri iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig - tro na meadhanan sòisealta agus tro na pròtacalan againn fhèin airson a bhith a' fastadh agus a' toirt stiùireadh do dh'eadar-theangairean

GNÀTHASAN AGUS AINMEAN-ÀITE

Na chaidh a choileanadh gu ruige seo	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Brosnachadh Gàidhlig
Tha fios aig eadar-theangairean a tha gu bhith ag eadar-theangachadh sgrìobhainnean mu na feumalachdan agus tha eadar-theangachaidhean Gàidhlig foillsichte a rèir nan inbhean.			

Builean a tha air am moladh airson 2021-26	Cleachdadh Gàidhlig	Ionnsachadh Gàidhlig	Brosnachadh Gàidhlig
Dèan cinnteach gun lean gach rud sgrìobhte, a' gabhail a-steach soidhnichean, an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig, agus gun tèid comhairle a shireadh bho Ainmean-àite na h-Alba agus gun tèid seo a leantainn			

Na h-ath ghnìomhan a tha a dhìth	Bliadhna 1	Bliadhna 2	Bliadhna 3	Bliadhna 4	Bliadhna 5
Dèan cinnteach gu bheil fios aig gach eadar-theangair mu na slatan-tomhais gu h-àrd (a' gabhail a-steach nithean a nithear tro fo-chùmhnant, mar eisimpleir iris HIAL)					

Roinn a tha an urra ris: Conaltradh

Buileachadh agus Sgrùdadh

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 5 bliadhna bhon cheann-latha air an deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Ro dheireadh an ama seo, nì sinn ath-sgrùdadh air a' Phlana, nì sinn atharrachadh sam bith a tha a dhith air agus cuiridh sinn do Bhòrd na Gàidhlig e airson aonta.

Foillseachadh agus Sanasachd a' Phlana

Ceanglaichean a-muigh

Thèid Plana Gàidhlig HIAL fhoillseachadh gu dà-chànanach air hial.co.uk. A bharrachd air seo, nì sinn na rudan a leanas:

- cuiridh sinn a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana
- brosnachadh e gu dà-chànanach tro na cunntasan corporra aig HIAL anns na meadhanan sòisealta
- nithear cinnteach gu bheil fhios aig ar luchd-obrach mun phlana agus gum bi e ri fhaighinn tron eadra-lìn againn
- cuiridh sinn a-mach lethbhreacan clò-bhuailte a rèir iarrtais.

A' toirt fiosrachadh do bhuidhnean eile mun Phlana

Thèid fios a chur gu gach buidheann iomchaidh gus innse dhaibh gun deach am plana fhoillseachadh.

A' goireasachadh a' Phlana

Cha bhi ach buaidh glè bheag aig tòrr de na gnìomhan gu h-àrd; ach, bidh stòrasan a dhith airson cuid, a' gabhail a-steach feumalachdan trèanaidh is teicnigeach.

A' sgrùdadh a' Phlana

Bidh an dleastanas airson a bhith a' cur a' phlana an gnìomh aig an Àrd-oifigear le uallach iomlan airson a' Phlana.

Mar bhuidheann, tha HIAL air aontachadh sgrùdadh leantainneach a dhèanamh, a' gabhail a-steach:

- a' dèanamh cinnteach gu bheil am plana air a shanasachadh dhan phoball agus dhan luchd-obrach mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd
- a' dèanamh cinnteach gun tèid am plana a shanasachadh do threas pàrtaidhean, agus an ire ris an cleachd iad na geallaidhean sa phlana
- a' dèanamh cinnteach gun deach fios a thoirt do luchd-obrach fa-leth mu na dleastanasan aca fon phlana agus a' cumail suil air an ire is gun coilean iad na dleastanasan sin
- a' sgrùdadh adhartas air na gealltanasan
- ag aithris do Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna.

In-sgrùdadh air comas cànan

Rinn HIAL sgrùdadh air cleachdadh na Gàidhlig agus beachdan a thaobh na Gàidhlig aig luchd-obrach taobh a-staigh na buidhne san Dùbhlachd 2012 dhan Fhaoilleach 2013 mar phàirt de bhith ag ullachadh a' chiad tionndadh den phlana Ghàidhlig seo. Fhuair an suirbhidh seo 127 freagairtean, seo ire-fhreagairt de 28.5%.

Fhuair an suirbhidh a-mach nach robh tuigse sam bith aig a' mhòr-chuid de luchd-freagairt air a' Ghàidhlig. Thuir mu 9% gun robh iad fileanta sa Ghàidhlig, le 3% ag ràdh gun robh iad fileanta ann a bhith a' sgrìobhadh/leughadh na Gàidhlig.

Tha a' Ghàidhlig ga cleachdadh mar as trice ann an còmhradh agus cha bhi i ga sgrìobhadh cho tric ann an conaltradh sgrìobhte. Thuir 6% gun cleachdadh iad Gàidhlig ann an còmhradh le custamairean agus cliantan, agus 4% le co-obrachaidhean, mar as trice nas lugha na turas sa mhios; thuir 73% nach biodh iad a' cleachdadh na Gàidhlig ann an còmhradh. Thuir 1% gum biodh iad a' cleachdadh na Gàidhlig grunn turasan sa mhios gus sgrìobhadh ri custamairean agus cliantan.

Thuir mu 13% de na daoine aig an robh comas air choireigin sa Ghàidhlig gum biodh ùidh mhòr aca ann a bhith a' cur ris na h-irean de mhiseachd aca tro chlasaichean litearrachd Gàidhlig no clasaichean còmhradh Gàidhlig. Thuir mu 11% den luchd-freagairt uile gum biodh ùidh aca ann a bhith a' dèanamh cùrsaichean air-astair no cùrsaichean oidhche gus taic a chumail ris an trèanadh Gàidhlig aca.

Mar a chaidh a chur an cèill ann an Gealltanasan a' Phlana gu h-àrd, nithear suirbhidh luchd-obrach eile mar a' chiad ghnìomh fon phlana seo.

Eàrr-ràdh 2– Co-chomhairle Phoblach

Às dèidh còmhraidh le Bòrd na Gàidhlig, chùm HIAL co-chomhairle poblach eadar 1 Dàmhair agus 15 Samhain 2019.

Chaidh seo a bhrosnachadh gu mòr air làrach-lìn HIAL agus thairis air na seanailean meadhanan sòisealta uile aig HIAL (Facebook, LinkedIn agus Twitter), agus tha eisimpleirean rim faighinn gu h-ìosal. Co-roinn na 11 puirt-adhair na postaichean seo air Facebook agus Twitter, agus rinn Bòrd na Gàidhlig agus na buidhnean com-pàirteachais aca mar an ceudna, a' dèanamh cinnteach gun deach a sgaoileadh cho fada 's a ghabhas.

Chaidh iarraidh air a' phoball beachdan a thoirt dhuinn tro phost-d ach cha d' fhuaras beachd sam bith.


Cha deach iomradh sam bith a thoirt air a' phlana fhèin air gin de na postaichean sna meadhanan sòisealta. Ach mar a chithear bho na h-eisimpleirean gu h-ìosal, bha ìrean com-pàirteachaidh àrd aig na postaichean air Facebook gu sònraichte.

Eisimpleirean bho phostaichean Twitter



Eàrr-ràdh 2– Co-chomhairle Phoblach


Eisimpleirean bho phostaichean Facebook



Performance for your post		
759 People Reached		
9 Likes, Comments & Shares		
1 Likes	1 On Post	0 On Shares
8 Comments	8 On Post	0 On Shares
0 Shares	0 On Post	0 On Shares
74 Post Clicks		
0 Photo views	23 Link clicks	51 Other Clicks
NEGATIVE FEEDBACK		
0 Hide post	0 Hide all posts	
0 Report as spam	0 Unlike Page	
Reported stats may be delayed from what appears on posts		




Performance for your post		
430 People Reached		
0 Likes, Comments & Shares		
0 Likes	0 On Post	0 On Shares
0 Comments	0 On Post	0 On Shares
0 Shares	0 On Post	0 On Shares
4 Post Clicks		
0 Photo views	3 Link clicks	1 Other Clicks
NEGATIVE FEEDBACK		
2 Hide post	0 Hide all posts	
0 Report as spam	0 Unlike Page	
Reported stats may be delayed from what appears on posts		



Eàrr-ràdh 2– Co-chomhairle Phoblach


Eisimpleirean bho phostaichean LinkedIn



LinkedIn: Log In or Sign Up x +
https://www.linkedin.com

Highlands and Islands Airports Ltd
2,843 followers
1mo •

Co-chomhairle poblach air ar dreach phlana Gàidhlig 2019-24. A' togail air an adhartas a chaidh a dhèanamh gu ruige seo, tha e a' mineachadh rùintean airson an ath 5 bliadhna. ...see more



Plana Gàidhlig 2019-2024 - co-chomhairle poblach - HIAL
hial.co.uk


6 • 1 Comment

Like Comment Top Comments ▾

hial Add a comment... 📷

Sabine Schultes • 2nd
Global Transportation & Warehouse Safety Expert at Bayer AG 1mo ...
Glè mhath, tha an t-àm ann airson seo...

1 Like |




LinkedIn: Log In or Sign Up x +
https://www.linkedin.com

Highlands and Islands Airports Ltd
2,843 followers
1mo •

Public consultation on our draft Gaelic Language Plan 2019-2024. Building on the progress made so far, the plan sets out HIAL's intentions for the next five years.

Consultation closes 15 November - see <http://ow.ly/ZooZ50wyGIL>




Gaelic Language Plan 2019-2024 - public consultation - HIAL
hial.co.uk

4

Like Comment

Be the first to comment on this





© 2021 Puir-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta.

Puir-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean | Àrd-oifis: Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis, Alba, IV2 7JB